

NA DUILLEAGAN GAIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LUIB LIFE AND WORK

AIREAMH 4 | 2013 | AN GIBLEAN



Facal Toisich

Annas a' Ghiblean bha am Fear-deasachaidh ann am Muile far an robh ministear ga phòsadh ri sgrì anns a bheil grunn choitheanalan air tighinn còmhla. Bha an aimsir àlainn agus rinn sluagh math an turas à tìr-mòr. Bha an eaglais làn airson na seirbheis agus bha co-chomann ann a bha blàth agus càirdeil.

Tha seachd ainmean anns an sgrì ùir. Bidh aig a' mhinistear ri frithealadh do sheachd coimhearsnachdan agus tha ceithir taighean-adhraidh aige. Tha seo 'na chomharra air mar a tha gainne mhinistearan agus cosgaisean a' toirt air Eaglais na h-Alba coitheanalan a cheangal ri chèile. Tha an duilgheadas seo aig an Eaglais Shaoir cuideachd.


Aig toiseach na naodhamh linn deug cha robh ach aon mhinistear ann an Uibhist a Tuath agus ministear eile anns na Hearadh. Ged a bha Leòdhas cho farsaing agus sluagh cho mòr ann, cha robh ach ceithir sgrìean anns an eilean. A chionn nach robh na goireasan-siubhail ann a tha againn an-diugh, bha ceàrnaidhean ann far nach cluinneadh an sluagh searmon ach ceithir tursan anns a' bhliadhna. Bhiodh an eaglais ann am meadhan na sgìre ach cha bhiodh e comasach don mhòr-shluagh coiseachd chun na h-eaglais air an t-Sàbaid.

Thàinig adhartas air cùisean nuair a chaidh eaglaisean ùra a thogail (gu h-àraidh an dèidh an Dealachaidh ann an 1843) agus nuair a thogadh rathaidean agus drochaidean cha robh daoine cho iomallach. Ged a tha cuid de sgrìean an-diugh cho sgapte tha goireasan-siubhail 'na chuideachadh do luchd-adhraidh a tha a' siubhail gu eaglais an taobh a-muigh den bhaile aca fhèin.

An dèidh na seirbheis ann am Muile thubhairt am ministear ùr gu robh e air tighinn à coitheanal air Ghalltachd far an robh e eòlach air a bhith 'na bhall ann an sgiobaidh – bha esan air fear de dhithis a bha a' cuideachadh ministear na sgìre. Bha e an dòchas gum biodh e fhèin agus feadhainn eile ag obair ann an co-bhoinn. Ann am Muile, mar a tha fìor mu eileanan eile, tha eildèaran ann a tha comasach air seirbheisean a ghabhail.

Tha suidheachadh ar latha gar gairm gu bhith a' co-obrachadh, a' giùlan uallaichean a chèile, mar a tha Pòl a' comhairleachadh dhuinn. Aig aon àm bhiodh daoine a' fàgail cus de dh'obair na sgìre aig a' mhinistear. An-diugh tha barrachd co-obrachaidh ann, agus tha sin fallainn.

**Le deagh dhùrachd,
Ruairidh MacLeòid.**



Seo eaglais an t-Sàilein, fear de na taighean-adhraidh anns an sgrì air a bheil Ceann a Tuath Mhuil. Thogadh an eaglais ghrinn seo ann an 1899, agus shearmonaich an t-Urr. Tormod MacLeòid aig an t-seirbheis fhosgladh. Bhuineadh am ministear sin don teaghlach ainmeil anns a' Mhorbhairne dam buineadh Caraid nan Gàidheal, agus bha e 'na mhinistear ann an Inbhir Nis aig an àm. Chaidh an eaglais a dhealbh le Uilleam MacCoinnich, ailteir a dhealbh togalaichean eile ann an Earra Ghàidheal, leithid eaglais Heillapoll ann an Tiriodh.

Cùil Nan Ceist

'S e a' cheud latha den Ghiblean Latha na Gocaireachd, no Latha nan Amadan. Mar sin tha na ceistean a tha sinn a' cur oirbh às a' Bhìoball co-cheangailte ri amadain agus amaideas. Tha freagairt nan ceist air an duilleig chùil.

1. Dè a tha 'na amaideachd dhaibh-san a chaillear? (1 Corintianaich, caibideil 1.)
2. Lìon a' bheàrn: "Tha cridhe nan amadan ann an ---- an t-subhachais." (Eclesiastes, caibideil 7.)
3. Dè a' bhunait air an do thog an duine amaideach a thaigh? (Mata, caibideil 7.)
4. Cò ris an tuir Làban gu robh e amaideach? (Genesis, caibideil 31.)

Bròn – 4

An turas mu dheireadh sgrìobh sinn mu Horatio Spafford a chaidh tro àmhghar mhòr nuair a chaill e a cheathrar nighean ann an tubaist aig muir. Tha mi a' creidsinn nach tèid mòran againn tron t-seòrsa àmhghair sin ach nuair a thig sgaradh thig bròn 'na chois. Chan eil e an aon rud don a h-uile duine.

Bidh mi a' faighinn magazine Crìosdail agus bho chionn ghoirid bha trì mnathan ag innse dè a bha e a' ciallachadh dhaibh-san a bhith 'nam bantraichean.

Ged a bha na suidhichean aca gu math eadar-dhealaichte chrìochnaich an trìuir ag ràdh gu robh iad aig fois.

Chuir aon dhiùbh e mar seo: *Tha sìth air mo thaobh a-staigh agus tha mi a' dèanamh gàirdeachais agus fios agam gun cuidich Dia mi agus gun cùm E gam chuideachadh ge b'e dè a thachras.*

Chan eil duine a' tighinn don àite sin ann an latha, no seachdain, no bliadhna. Chan eil duine nach aidich gur e rud gu math goirt a tha ann an call is bròn.

Chuir Gerard Sittser mar seo e, 'S e a bhith deònach gabhail ris a' chall agus a dhol a-steach don dorchadas a' cheud cheum a dh'fheumas sinn a ghabhail agus tha mi a' creidsinn as doirbhe.

Dh'innis fear mu àm nuair a bha e òg is e a' cadal ann an seòmair-mullaich an taighe. Gu tric bhiodh eagal air agus aon oidhche thubhairt 'athair ris, Dè a b'fheàrr leat, an solas fhàgail air is a dhol sìos an staidhre, no an solas a chur às agus fuireach greis còmhla riut anns an dorchadas? B'fheàrr leis 'athair a bhith còmhla ris anns an dorchadas a bhith anns an t-solas as aonais.

Nach iomadh duine a tha ar cofhurtachd fhaighinn tro fhacal Dhè anns na sailm agus gu h-àraidh tron tritheamh salm thar an fhichead. *Seadh, ged shiubhail mi tro ghleann sgàil a' bhàis, cha bhi eagal uilc orm, oir tha Thusa maille rium. Bheir do shlat agus do lorg cofhurtachd dhomh.*

Cuimhnich gu bheil an latha an-diugh agus an latha maireach ann an làmhan Dhè agus bidh E ann dhutsa agus dhomhsa.

Oighrig Fhearghasdan,
(A' Mhanachainn).

Thighearna nan Dùilean

*Thighearna nan dùilean, dod ainm gu robh glòir!
Ro-neartmhor do ghnìomhan, mòrail do dhòigh!
Do neart is do mhòrachd chan urrainn dhuinn inns',
Ach gabhaidh Tu tàmh far bheil irioslachd crìdh'.*

*Thighearna a' chumhachd, dhut bheir mi mo mhiann,
Le aoibhneas is ùmhlachd dol thoil cur an gnìomh.
Tha dleasnas 'na shaorsa; tha seirbheis 'na tlachd,
Is air mo dhion le do ghlèidheadh, tha do laigse 'na neart.*

*Thighearna a' ghliocais, dhut bheir mi mo chiall,
Tha d'fhirinn-sa saidhbhir is thar tuigs' is rian.
Chan fhaca an t-sùil is cha chuala a' chluas
Am fòghlam 's an solas a bheir d'Fhacal-sa uaith'.*

*Thighearna a' choibhneis, dhut bheir mi mo chridh';
Bheir mise dhut moladh oir bheannaich Thu mi;
Do ghràdh ga mo mhisneach', do chomhairl' mar iùl,
Do làth'rachd gam dhion ge b'e dè tha nad rùn.*

*Thighearna nan uile, dhut bheir mi gach nì;
Ma nì mi do thrèigsinn, mo cheuman thèid cli;
Ach a' dlùth-leantainn d'fhacail dhut iocam mo bhòid,
Nad shaorsa ag imeachd gu deireadh an ròid.*

Seo eadar-theangachadh air an laoidh *Lord of creation, to Thee be all praise*, Laoidh 500 anns a' Cheathramh Laoidheadair. Chuireadh an laoidh ri chèile ann am Beurla le Iain Copley Winslow (1882-1974). Bha am bàrd bliadhnachan mòra 'na mhiseanaraidh thall ann an India. Sgrìobh e mòran laoidhean, 'nam measg an laoidh fheasgair *As now the day draws near its ending*, a bha anns an Treas Laoidheadair.

Leabhraichean

Rinn Alasdair Mac Ghille Mhìcheil obair mhìorbhaileach ann a bhith a' cruinneachadh stuth o bheul-aithris nan Gàidheal, rosg agus bàrdachd. Thog e seann sgeulachdan, naidheachdan mu gheasachd is eile, a bharrachd air ùrnaighean agus dàin spioradail. A chionn gu robh e 'na ghèidsear, thug sin cothrom do dh'Alasdair a bhith a' cur cuairt am measg an t-sluaigh air tìr-mòr na Gàidhealtachd, ach gu seachd àraidh anns na h-Eileanan. Thug a bhean taic nach bu bheag dha 'na shaothair. Tha pàirt de na thog e anns na leabhraichean mòra tomadach air a bheil *Carmina Gadelica* agus a tha a-nis ainmeil air feadh an t-saoghail. Tha an sealladh a tha aig mòran air "Spioradalachd Cheilteach" air a stèidheachadh air na leugh iad ann an *Carmina Gadelica*.

Chuir Urras Leabhraichean nan Eilean co-chruinneachadh air chois ann am Beinn na Fadhla ann an 2006 far an robh grunn sgoilearan a' beachdachadh air beatha Mhic Ghille Mhìcheil agus air an dìleab

The Life & Legacy of Alexander Carmichael (The Islands Book Trust. £15)

a dh'fhàg e mar thoradh air na thionail e de dh'fhiosrachadh. Anns an leabhar seo, air a dheasachadh gu sgìleil leis an Oll. Dòmhnall Uilleam Stiùbhart, leughaidh sinn na pàipearan cudthromach sgoilearach a chaidh a thoirt seachad aig a' cho-labhairt. Ged a thàinig an leabhar am follais ann an 2008, 's ann bho chionn ghoirid a fhuair am Fear-deasachaidh cothrom a leughadh.

Tha iomadh ceist co-cheangailte ris na sgrìobh Alasdair Mac Ghille Mhìcheil. Dè na chuir e fhèin ris na criomagan de dh'fhiosrachadh a fhuair e? Dè na rinn e de leasachadh air an stuth a fhuair e o chroitearan is o mhnathan chroitearan, o choitearan is iasgairean, o sgoilearan is o cheardan? Tha a h-uile seòrsa cuspair air an smaoinich thu mun obair a rinn an Liosach iomraiteach seo a' tighinn am barr anns an leabhar ionmholta seo. Caibideil anns am bi ùidh shònraichte aig luchd-leughaidh nan *Duilleag* 's e am pàipear aig an Oll. Dòmhnall Meek air "Alasdair Mac Ghille Mhìcheil agus 'Crìosdalachd Cheilteach'".

Bròn – 4

An turas mu dheireadh sgrìobh sinn mu Horatio Spafford a chaidh tro àmhghar mhòr nuair a chaill e a cheathrar nighean ann an tubaist aig muir. Tha mi a' creidsinn nach tèid mòran againn tron t-seòrsa àmhghair sin ach nuair a thig sgaradh thig bròn 'na chois. Chan eil e an aon rud don a h-uile duine.

Bidh mi a' faighinn magazine Crìosdail agus bho chionn ghoirid bha trì mnathan ag innse dè a bha e a' ciallachadh dhaibh-san a bhith 'nam bantraichean.

Ged a bha na suidhichean aca gu math eadar-dhealaichte chrìochnaich an trìuir ag ràdh gu robh iad aig fois.

Chuir aon dhiùbh e mar seo: *Tha sìth air mo thaobh a-staigh agus tha mi a' dèanamh gàirdeachais agus fios agam gun cuidich Dia mi agus gun cùm E gam chuideachadh ge b'e dè a thachras.*

Chan eil duine a' tighinn don àite sin ann an latha, no seachdain, no bliadhna. Chan eil duine nach aidich gur e rud gu math goirt a tha ann an call is bròn.

Chuir Gerard Sittser mar seo e, 'S e a bhith deònach gabhail ris a' chall agus a dhol a-steach don dorchadas a' cheud cheum a dh'fheumas sinn a ghabhail agus tha mi a' creidsinn as doirbhe.

Dh'innis fear mu àm nuair a bha e òg is e a' cadal ann an seòmair-mullaich an taighe. Gu tric bhiodh eagal air agus aon oidhche thubhairt 'athair ris, Dè a b'fheàrr leat, an solas fhàgail air is a dhol sìos an staidhre, no an solas a chur às agus fuireach greis còmhla riut anns an dorchadas? B'fheàrr leis 'athair a bhith còmhla ris anns an dorchadas a bhith anns an t-solas as aonais.

Nach iomadh duine a tha ar cofhurtachd fhaighinn tro fhacal Dhè anns na sailm agus gu h-àraidh tron tritheamh salm thar an fhichead. *Seadh, ged shiubhail mi tro ghleann sgàil a' bhàis, cha bhi eagal uilc orm, oir tha Thusa maille rium. Bheir do shlat agus do lorg cofhurtachd dhomh.*

Cuimhnich gu bheil an latha an-diugh agus an latha maireach ann an làmhann Dhè agus bidh E ann dhutsa agus dhomhsa.

Oighrig Fhearghasdan,
(A' Mhanachainn).

Thighearna nan Dùilean

*Thighearna nan dùilean, dod ainm gu robh glòir!
Ro-neartmhor do ghnìomhan, mòrail do dhòigh!
Do neart is do mhòrachd chan urrainn dhuinn inns',
Ach gabhaidh Tu tàmh far bheil irioslachd crìdh'.*

*Thighearna a' chumhachd, dhut bheir mi mo mhiann,
Le aoibhneas is ùmhlachd dol thoil cur an gnìomh.
Tha dleasnas 'na shaorsa; tha seirbheis 'na tlachd,
Is air mo dhion le do ghlèidheadh, tha do laigse 'na neart.*

*Thighearna a' ghliocais, dhut bheir mi mo chiall,
Tha d'fhirinn-sa saidhbhir is thar tuigs' is rian.
Chan fhaca an t-sùil is cha chuala a' chluas
Am fòghlam 's an solas a bheir d'Fhacal-sa uaith'.*

*Thighearna a' choibhneis, dhut bheir mi mo chridh';
Bheir mise dhut moladh oir bheannaich Thu mi;
Do ghràdh ga mo mhisneach', do chomhairl' mar iùl,
Do làth'rachd gam dhion ge b'e dè tha nad rùn.*

*Thighearna nan uile, dhut bheir mi gach nì;
Ma nì mi do thrèigsinn, mo cheuman thèid cli;
Ach a' dlùth-leantainn d'fhacail dhut iocam mo bhòid,
Nad shaorsa ag imeachd gu deireadh an ròid.*

Seo eadar-theangachadh air an laoidh *Lord of creation, to Thee be all praise*, Laoidh 500 anns a' Cheathramh Laoidheadair. Chuireadh an laoidh ri chèile ann am Beurla le Iain Copley Winslow (1882-1974). Bha am bàrd bliadhnachan mòra 'na mhiseanaraidh thall ann an India. Sgrìobh e mòran laoidhean, 'nam measg an laoidh fheasgair *As now the day draws near its ending*, a bha anns an Treas Laoidheadair.

Leabhraichean

Rinn Alasdair Mac Ghille Mhìcheil obair mhìorbhaileach ann a bhith a' cruinneachadh stuth o bheul-aithris nan Gàidheal, rosg agus bàrdachd. Thog e seann sgeulachdan, naidheachdan mu gheasachd is eile, a bharrachd air ùrnaighean agus dàin spioradail. A chionn gu robh e 'na ghèidsear, thug sin cothrom do dh'Alasdair a bhith a' cur cuairt am measg an t-sluaigh air tìr-mòr na Gàidhealtachd, ach gu seachd àraidh anns na h-Eileanan. Thug a bhean taic nach bu bheag dha 'na shaothair. Tha pàirt de na thog e anns na leabhraichean mòra tomadach air a bheil *Carmina Gadelica* agus a tha a-nis ainmeil air feadh an t-saoghail. Tha an sealladh a tha aig mòran air "Spioradalachd Cheilteach" air a stèidheachadh air na leugh iad ann an *Carmina Gadelica*.

Chuir Urras Leabhraichean nan Eilean co-chruinneachadh air chois ann am Beinn na Fadhla ann an 2006 far an robh grunn sgoilearan a' beachdachadh air beatha Mhic Ghille Mhìcheil agus air an dìleab

The Life & Legacy of Alexander Carmichael (The Islands Book Trust. £15)

a dh'fhàg e mar thoradh air na thionail e de dh'fhiosrachadh. Anns an leabhar seo, air a dheasachadh gu sgìleil leis an Oll. Dòmhnall Uilleam Stiùbhart, leughaidh sinn na pàipearan cudthromach sgoilearach a chaidh a thoirt seachad aig a' cho-labhairt. Ged a thàinig an leabhar am follais ann an 2008, 's ann bho chionn ghoirid a fhuair am Fear-deasachaidh cothrom a leughadh.

Tha iomadh ceist co-cheangailte ris na sgrìobh Alasdair Mac Ghille Mhìcheil. Dè na chuir e fhèin ris na criomagan de dh'fhiosrachadh a fhuair e? Dè na rinn e de leasachadh air an stuth a fhuair e o chroitearan is o mhnathan chroitearan, o choitearan is iasgairean, o sgoilearan is o cheardan? Tha a h-uile seòrsa cuspair air an smaoinich thu mun obair a rinn an Liosach iomraiteach seo a' tighinn am barr anns an leabhar ionmholta seo. Caibideil anns am bi ùidh shònraichte aig luchd-leughaidh nan *Duilleag* 's e am pàipear aig an Oll. Dòmhnall Meek air "Alasdair Mac Ghille Mhìcheil agus 'Crìosdalachd Cheilteach'".

Bròn – 4

An turas mu dheireadh sgrìobh sinn mu Horatio Spafford a chaidh tro àmhghar mhòr nuair a chaill e a cheathrar nighean ann an tubaist aig muir. Tha mi a' creidsinn nach tèid mòran againn tron t-seòrsa àmhghair sin ach nuair a thig sgaradh thig bròn 'na chois. Chan eil e an aon rud don a h-uile duine.

Bidh mi a' faighinn magazine Crìosdail agus bho chionn ghoirid bha trì mnathan ag innse dè a bha e a' ciallachadh dhaibh-san a bhith 'nam bantraichean.

Ged a bha na suidhichean aca gu math eadar-dhealaichte chrìochnaich an trìuir ag ràdh gu robh iad aig fois.

Chuir aon dhiùbh e mar seo: *Tha sìth air mo thaobh a-staigh agus tha mi a' dèanamh gàirdeachais agus fios agam gun cuidich Dia mi agus gun cùm E gam chuideachadh ge b'e dè a thachras.*

Chan eil duine a' tighinn don àite sin ann an latha, no seachdain, no bliadhna. Chan eil duine nach aidich gur e rud gu math goirt a tha ann an call is bròn.

Chuir Gerard Sittser mar seo e, 'S e a bhith deònach gabhail ris a' chall agus a dhol a-steach don dorchadas a' cheud cheum a dh'fheumas sinn a ghabhail agus tha mi a' creidsinn as doirbhe.

Dh'innis fear mu àm nuair a bha e òg is e a' cadal ann an seòmair-mullaich an taighe. Gu tric bhiodh eagal air agus aon oidhche thubhairt 'athair ris, Dè a b'fheàrr leat, an solas fhàgail air is a dhol sìos an staidhre, no an solas a chur às agus fuireach greis còmhla riut anns an dorchadas? B'fheàrr leis 'athair a bhith còmhla ris anns an dorchadas a bhith anns an t-solas as aonais.

Nach iomadh duine a tha ar cofhurtachd fhaighinn tro fhacal Dhè anns na sailm agus gu h-àraidh tron tritheamh salm thar an fhichead. *Seadh, ged shiubhail mi tro ghleann sgàil a' bhàis, cha bhi eagal uilc orm, oir tha Thusa maille rium. Bheir do shlat agus do lorg cofhurtachd dhomh.*

Cuimhnich gu bheil an latha an-diugh agus an latha maireach ann an làmhann Dhè agus bidh E ann dhutsa agus dhomhsa.

Oighrig Fhearghasdan,
(A' Mhanachainn).

Thighearna nan Dùilean

*Thighearna nan dùilean, dod ainm gu robh glòir!
Ro-neartmhor do ghnìomhan, mòrail do dhòigh!
Do neart is do mhòrachd chan urrainn dhuinn inns',
Ach gabhaidh Tu tàmh far bheil irioslachd crìdh'.*

*Thighearna a' chumhachd, dhut bheir mi mo mhiann,
Le aoibhneas is ùmhlachd dol thoil cur an gnìomh.
Tha dleasnas 'na shaorsa; tha seirbheis 'na tlachd,
Is air mo dhion le do ghlèidheadh, tha do laigse 'na neart.*

*Thighearna a' ghliocais, dhut bheir mi mo chiall,
Tha d'fhirinn-sa saidhbhir is thar tuigs' is rian.
Chan fhaca an t-sùil is cha chuala a' chluas
Am fòghlam 's an solas a bheir d'Fhacal-sa uaith'.*

*Thighearna a' choibhneis, dhut bheir mi mo chridh';
Bheir mise dhut moladh oir bheannaich Thu mi;
Do ghràdh ga mo mhisneach', do chomhairl' mar iùl,
Do làth'rachd gam dhion ge b'e dè tha nad rùn.*

*Thighearna nan uile, dhut bheir mi gach nì;
Ma nì mi do thrèigsinn, mo cheuman thèid cli;
Ach a' dlùth-leantainn d'fhacail dhut iocam mo bhòid,
Nad shaorsa ag imeachd gu deireadh an ròid.*

Seo eadar-theangachadh air an laoidh *Lord of creation, to Thee be all praise*, Laoidh 500 anns a' Cheathramh Laoidheadair. Chuireadh an laoidh ri chèile ann am Beurla le Iain Copley Winslow (1882-1974). Bha am bàrd bliadhnachan mòra 'na mhiseanaraidh thall ann an India. Sgrìobh e mòran laoidhean, 'nam measg an laoidh fheasgair *As now the day draws near its ending*, a bha anns an Treas Laoidheadair.

Leabhraichean

Rinn Alasdair Mac Ghille Mhìcheil obair mhìorbhaileach ann a bhith a' cruinneachadh stuth o bheul-aithris nan Gàidheal, rosg agus bàrdachd. Thog e seann sgeulachdan, naidheachdan mu gheasachd is eile, a bharrachd air ùrnaighean agus dàin spioradail. A chionn gu robh e 'na ghèidsear, thug sin cothrom do dh'Alasdair a bhith a' cur cuairt am measg an t-sluaigh air tìr-mòr na Gàidhealtachd, ach gu seachd àraidh anns na h-Eileanan. Thug a bhean taic nach bu bheag dha 'na shaothair. Tha pàirt de na thog e anns na leabhraichean mòra tomadach air a bheil *Carmina Gadelica* agus a tha a-nis ainmeil air feadh an t-saoghail. Tha an sealladh a tha aig mòran air "Spioradalachd Cheilteach" air a stèidheachadh air na leugh iad ann an *Carmina Gadelica*.

Chuir Urras Leabhraichean nan Eilean co-chruinneachadh air chois ann am Beinn na Fadhla ann an 2006 far an robh grunn sgoilearan a' beachdachadh air beatha Mhic Ghille Mhìcheil agus air an dìleab

The Life & Legacy of Alexander Carmichael (The Islands Book Trust. £15)

a dh'fhàg e mar thoradh air na thionail e de dh'fhiosrachadh. Anns an leabhar seo, air a dheasachadh gu sgìleil leis an Oll. Dòmhnall Uilleam Stiùbhart, leughaidh sinn na pàipearan cudthromach sgoilearach a chaidh a thoirt seachad aig a' cho-labhairt. Ged a thàinig an leabhar am follais ann an 2008, 's ann bho chionn ghoirid a fhuair am Fear-deasachaidh cothrom a leughadh.

Tha iomadh ceist co-cheangailte ris na sgrìobh Alasdair Mac Ghille Mhìcheil. Dè na chuir e fhèin ris na criomagan de dh'fhiosrachadh a fhuair e? Dè na rinn e de leasachadh air an stuth a fhuair e o chroitearan is o mhnathan chroitearan, o choitearan is iasgairean, o sgoilearan is o cheardan? Tha a h-uile seòrsa cuspair air an smaoinich thu mun obair a rinn an Liosach iomraiteach seo a' tighinn am barr anns an leabhar ionmholta seo. Caibideil anns am bi ùidh shònraichte aig luchd-leughaidh nan *Duilleag* 's e am pàipear aig an Oll. Dòmhnall Meek air "Alasdair Mac Ghille Mhìcheil agus 'Crìosdalachd Cheilteach'".